

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)

--

Grand Total


**X229/11/01**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN  
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2  
Section A: Listening

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 30 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agaibh aig an toiseach airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ris na h-earrannan a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut.

Tha dà phàirt anns an deuchainn.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson **Earrann A**.

Cluinnidh tu **Earrann A** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Leugh na ceistean airson **Earrann B**.

Cluinnidh tu **Earrann B** dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



**CEISTEAN**

**Earrann A**

1. Cuin a thòisich Club Gàidhlig Ottawa?

---

1

2. Carson a thòisich an Club?

---

---

---

3

3. Ciamar a bhios iad a' cuideachadh dhaoine gus an cànan ionnsachadh?

---

---

2

4. Dè an ceangal a tha aig na buill ri Alba?

---

---

---

3

5. Dè tha iad airson a chumail san sgìre gach bliadhna?

---

---

2

6. Dè rinn an còisir Gàidhlig an-uiridh?

---

---

2

*Comharraidhean*

7. Ciamar a chluinneas daoine mun obair a tha an Comann a' dèanamh?

---

---

2  
(15)

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Earrann B**

1. Dè cho fad 's a tha Raonaid air a bhith ann an Canada?

---

1

2. Dè an obair a tha aig Raonaid?

---



---

2

3. Carson a chaidh Iseabail chun a' Mhòid?

---



---

2

4. Carson a bha Raonaid aig a' Mhòd?

---



---



---

3

5. Dè gu h-àraidh a chòrd ri Raonaid?

---



---

2

6. Dè bha soilleir do Raonaid?

---



---

2

Comharraidhean

7. Dè b' fheàrr a chòrd ri Iseabail?

\_\_\_\_\_ 1

8. Dè am feum a tha am Mòd a' dèanamh airson farpaisich?

\_\_\_\_\_ 1

9. Ciamar a tha am Mòd math airson luchd-èisteachd?

\_\_\_\_\_ 1

**(15)**

**[30]**

[CRÌOCH ROINN A-ÈISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**MARKER'S GRID**

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / <b>30</b>
Section B (i)	Leughadh / <b>30</b>
B (ii)	Sgrìobhadh / <b>30</b>
<b>Grand Total</b>	<b>90</b>



# X229/11/11

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN  
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
1.30 PM – 2.00 PM

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2  
Section A: Listening Transcript

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

**Tha mionaid agaibh airson na ceistean a leughadh.**

## **Roinn A**

**Earrann A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

## **EARRANN A**

**Tha cathraiche Club Gàidhlig Ottawa ann an Canada a' toirt fiosrachadh mun chomann.**

Thòisich Club Gàidhlig Ottawa o chionn fichead bliadhna. Chaidh a chur air chois airson ùidh ann an cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh. Bha mòran dhaoine ann an Canada a' bruidhinn Gàidhlig o chionn còrr air ceud bliadhna ach chan eil an cànan faisg cho làidir an-diugh. Tha a' chuid mhòr de na daoine anns a' Chlub ag ionnsachadh Gàidhlig ach chan eil mòran dhiubh fileanta fhathast. Airson daoine a chuideachadh gus an cànan ionnsachadh, bidh sinn a' cumail chlasaichean Gàidhlig a h-uile seachdain. Bidh iad sin air an cumail ann an diofar bhailtean gus am bi e furasta do dhaoine tron sgìre gu lèir a dhol thuca.

Tha ceangal aig a h-uile duine anns a' Chlub ri Alba — 's dòcha gun robh seanair no seanmhair aca a rugadh ann an Alba ach a thàinig a dh'fhuireach do Chanada o chionn iomadh bliadhna. Mar sin, tha sinn airson ceangal a dhèanamh ri buidheann ann an Alba aig a bheil ùidh ann am brosnachadh na Gàidhlig. Tha sinn airson fèis ciùil airson òigridh a chumail san sgìre gach bliadhna. Bidh sinn cuideachd a' cumail chèilidhean bho àm gu àm.

Tha còisir Gàidhlig againn anns a bheil fichead seinneadair. Chaidh iadsan chun a' Mhòid Nàiseanta ann an Alba an-uiridh agus chòrd sin gu mòr riutha. Bha e math coinneachadh ri seinneadairean agus luchd-ciùil à iomadh ceàrnaidh de Bhreatainn.

Tha prìs ballrachd sa Chomann a' cosg fichead dolair do dh'aon neach agus leth-cheud dolair do theaghlach airson bliadhna. Bargan math!

Bidh sinn a' cur bileag fiosrachaidh a-mach a h-uile mìos airson innse do dhaoine mu na tha sinn a' dèanamh. Ma thig sibh còmhla rinn, gheibh sibh spòrs gu leòr agus cuidichidh sibh le obair a' Chomainn.

**After the second reading of Earrann A, wait for 5 minutes, and then read Earrann B.**

**Earrann B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)**

## **EARRANN B**

### **Bidh am prògram Atam ga chraoladh air an Eadar-lion uair san t-seachdain.**

Niall: Feasgar math dhuibh agus fàilte oirbh gu Atam a tha a' tighinn thugaibh a-nochd bhon Mhòd ann an Ottawa. Is mise Niall Rothach. Còmhla rium tha Raonaid agus Iseabail agus innsidh iadsan dhuinn ciamar a chòrd am Mòd riutha. Innis dhuinn beagan mud dheidhinn fhèin, a Raonaid.

Raonaid: Rugadh is thogadh mise anns na Hearadh ach tha mi air a bhith a' fuireach ann an Toronto o chionn deich bliadhna. Fad na h-ùine sin tha mi air a bhith a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean a' bhaile sin.

Niall: Agus dè mud dheidhinn fhèin, Iseabail?

Iseabail: Buinidh mise do Gheàrrloch ach thàinig mi do Chanada o chionn ochd bliadhna. 'S e seinneadair agus cleasaiche Gàidhlig a th' annam.

Niall: Carson a thàinig thu chun a' Mhòid an-diugh?

Iseabail: Bha mi a' seinn ann am farpais nan còisirean agus bha mi a' gabhail pàirt anns an fharpais dràma.

Niall: Agus carson a thàinig thu fhèin ann, a Raonaid?

Raonaid: 'S e mo cho-là-breith a th' ann an-diugh agus smaoinich mi gum biodh e math an latha a chur seachad còmhla ri mo charaidean an seo.

Niall: Dè do bheachd air a' Mhòd?

Raonaid: Chòrd e uabhasach math rium. Shaoil mi gun robh e gu h-àraidh math a bhith a' cluinntinn clann òg a' seinn nan òran Ghàidhlig. Bha iad cho math 's gun saoil each tu gur ann an Alba a bha thu. Tha e soilleir gu bheil iad a' faighinn teagasg mhath sna sgoiltean agus gu bheil iad fhèin a' dèanamh oidhirp mhòr na h-òrain ionnsachadh.

Niall: Dè b' fheàrr a chòrd riut fhèin, Iseabail?

Iseabail: Bha mòran rudan a thog m' aire ach saoilidh mi gur e an rud a b' fheàrr leam gun robh measgachadh mòr de fharpaisean ri chluinntinn. Tha am Mòd a' toirt sluagh mòr cruinn aig aon àm den bhliadhna. Tha e math oir tha e a' toirt brosnachadh do na farpaisich an sgilean a thoirt air adhart agus a' toirt cothrom don luchd-èisteachd seinneadairean agus luchd-ciùil math a chluinntinn.

Niall: Tapadh leibh le chèile airson bruidhinn rium an-diugh.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/11/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2012

DIHAOINE, 25 AN CÈITEAN  
2.20 PM – 4.00 PM

**GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 2**  
Roinn B (i): Leughadh  
Roinn B (ii): Sgrìobhadh

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2012

FRIDAY, 25 MAY  
2.20 PM – 4.00 PM

**GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 2**  
Section B (i): Reading  
Section B (ii): Writing

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 60 comharradh anns a' phàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu am beàrn air fad.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

*Latha eile san Fhactaraidh*

Thàinig na dèideagan thuice a-nuas an loidhne, dèideagan brèagha Nollaig de iomadh cumadh agus le iomadh dath orra. Bha aice-se agus aig a' chlann-nighean eile a bha san sgioba còmhla rithe ri na dèideagan a chur ann am bogsaichean dathte. Bha an fhactaraidh uabhasach mòr, le ceudan ag obair innte, agus bha daoine eile a' dèanamh nan dèideagan na b' fhaide shuas an loidhne. Bha an loidhne fada agus bha gach duine na àite fhèin a' dèanamh na h-oibre shònraichte aige fhèin. Latha an dèidh latha, seachdain an dèidh seachdain. Cha robh i ach còig bliadhna deug a dh'aois, an aon aois ris a' chuid mhòr den luchd-obrach a bha mun cuairt oirre, ach bha i ag obair o mhoch gu dubh sia latha gach seachdain.

Bha an sgioba aice-se aig deireadh na loidhne. Bha i taingeil airson sin. Bha i toilichte nach robh i faisg air an toiseach far am biodh stuthan ceimigeach gan leughadh agus na dathan gan cur a-steach. B' e obair shalach chunnartach a bha an sin. Bhiodh iomadh duine a' faighinn tinneas sgamhain agus craicinn co-cheangailte ris an obair sin. Nuair a thachradh sin, bhiodh iad a' fàgail agus cha bhiodh fios dè thachair dhaibh. Chan fhaigheadh iad cuideachadh sam bith, bha sin cinnteach. Dh'fheumadh i a bhith luath air an obair; bha daoine a' cumail sùil orra fad na h-ùine. Bha e na chuideachadh ma bha thu sùbailte agus ma bha do chorrigan caol. Sin a b' adhbhar gun robh ise agus na caileagan eile a' dèanamh na h-oibre seo seach a bhith a' lìonadh prais mhòr le plastaig aig ceann eile na factaraidh — obair nam fireannach.

Bha sgrìobhadh air na dèideagan a bha aca an t-seachdain seo — *Merry Christmas*. Cha robh ise a' tuigsinn nam facal sin oir cha leughadh i Beurla. Ach, bha fios aice gum biodh daoine a' toirt seachad nan dèideagan mar thiodhlac aig àm sònraichte den bhliadhna. B' fheàrr leatha gum b' urrainn dhi fhèin aon de na dèideagan fhaighinn oir bha iad cho brèagha. Ach, bha fios aice nach tachradh sin. Cha bhiodh ise a' faighinn thiodhlac an ann. B' e clann a bha beairteach an coimeas rithe-se a gheibheadh na dèideagan; clann ann an dùthchannan eile air nach robh eòlas sam bith aice-se. Dùthchannan nach fhaiceadh i gu bràth.

Air an làimh eile, bha an teaghlach aice fhèin bochd. Bha a h-athair ag obair ann am factaraidh eile agus bha a màthair a' coimhead às dèidh an teaghlaich, seachdnar uile gu lèir. Cha robh i air mòran ionnsachadh san sgoil — dìreach leughadh agus sgrìobhadh anns a' chànan aca fhèin agus beagan mu eachdraidh na dùthcha. B' fheudar dhi an sgoil fhàgail cho luath 's a bha sin ceadaichte agus tòiseachadh ag obair. Cha robh roghainn aice; bha an teaghlach a' cur feum air an airgead.

Bhiodh i uaireannan ag aisling gun robh i a' fuireach ann an Ameireaga, ann an taigh mòr brèagha. Ach, cha robh an sin ach brùadar . . . Chuir i dèideag eile ann am bogsa. Sgrìobhte air cliathaich a' bhogsa bha “Made in Taiwan”.

**CEISTEAN**

1. Dè tha air innse mu choltas nan dèideagan?

---



---

2

2. Dè an t-àm den bhliadhna a tha air ainmeachadh?

---

1

3. Dè bha aice-se ri dhèanamh?

---

1

4. Dè tha air innse mun fhactaraidh?

---



---

2

5. Ciamar a bha i coltach ris an luchd-obrach eile?

---



---



---

3

6. Carson a bha i toilichte nach robh i aig toiseach na loidhne?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

7. Ciamar a bhiodh na daoine aig toiseach na loidhne gu tric a' fulang?

---



---

2

8. Carson a dh'fheumadh i a bhith luath san obair?

---

1

9. Dè bha na chuideachadh san obair?

---



---

2

10. Dè an obair a bha aig na fireannaich?

---



---

2

11. Carson nach robh ise a' tuigsinn an sgrìobhaidh a bha air na dèideagan?

---

1

12. Dè am fiosrachadh a bha aice mu na dèideagan?

---



---

2

13. Cò shaoil i a gheibheadh na dèideagan?

---



---

2



14. Dè bha a pàrantan a' dèanamh?

---



---

2

15. Dè dh'ionnsaich i san sgoil?

---



---

2

16. Cuin a thòisich i ag obair?

---

1

17. Dè an aisling a bhiodh aice uaireannan?

---



---

2

**(30)**

[CRÌOCH ROINN B(i)–LEUGHADH]

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 60 mionaid (moladh)**

**Sgrìobh air AON dhe na cuspairean a leanas.**

- |  |      |
|--|------|
| 1. Saor-làithean a chòrd rium.                                   | (30) |
| 2. Mura b' e an cù agam.   | (30) |
| 3. An tubaist.   | (30) |
| 4. An obair a bu toigh leam.                                     | (30) |
| 5. Chan eil sinn a' toirt cuideachadh gu leòr do dhaoine bochda. | (30) |
| 6. Air chall sa cheò.  | (30) |
| 7. Cha dèan mi siud tuilleadh.                                   | (30) |
| 8. An iuchair.   | (30) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)– SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**